

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig a' coimhead ri fastadh ceathrar Buill ùr

14 An Dàmhair 2011

Tha Ministearan na h-Alba ag iarraidh suas ri ceathrar dhaoine deònach agus dealasach a chur an dreuchd air Bòrd na Gàidhlig.

'S e Bòrd na Gàidhlig buidheann nàiseanta a' chànan. 'S e Buidheann Poblach Neo-Roinneil reachdail a th' ann air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le uallach airson dìon-ghleidheadh na Gàidhlig ann an Alba, airson adhartachadh cleachdad agus tuigse na Gàidhlig agus airson leasachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam agus cultar na Gàidhlig. Le Plana Càin Nàiseanta Gàidhlig ga chur n gniomh bhon Ghiblean 2012, tha am Bòrd a' sireadh daoine aig a bheil an aon rùn cheudna gus an tèid aca air obair Bòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart le dòigh-dhealbhaidh cànan a tha bonntaichte air fianais dhaingeann aig cridhe a chuid gniomhachd. Tha am Bòrd gu sònraichte ag iarraidh dhaoine aig a bheil eòlas air aonan no barrachd de na raointean seo a leanas: sgrùdadh agus ionmhas; solarachadh foghlaim Ghàidhlig agus/no dòighean-obrach èifeachdach air leasachadh is dealbhadh mhion-chànan.

Thuirt Ministear na Gàidhlig, Alasdair Allan: " Tha àrd-amas aig Riaghaltas na h-Alba inbhe na Gàidhlig air feadh Alba a chur am feabhas agus taic a thoirt do choimhairsnachdan far am bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Tha sinn an dùil togail agus neartachadh a thoirt do sholarachadh Gàidhlig agus tha sinn air gealltainn leudachadh a bharrachd a dhèanamh air suidheachadh na Gàidhlig ann am foghlam. Tha pàirt chudromach aig buill a' Bhùird ann an a bhith gar cuideachadh gus na h-amasan sin a choileanadh agus dh' iarrainn air neach sam bith aig am bheil an ùidh, an dealas agus an t-eòlas riatanach tagradh a dhèanamh"

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Art MacCarmaig,: "Tha obair gu ruige suidheachdh teàrainte airson na Gàidhlig dùblanach, ach tha tòrr buannachdan na cois cuideachd le cothrom adhartas a dhèanamh. Mholainn gum bu chòir do dhaoine a' cur a-staigh airson àite fhaghinn air Bòrd na Gàidhlig agus a dhol an-sàs san obair aig àm far a bi sinn a' tòiseachadh air Plana Càin Nàiseanta ùr airson na Gàidhlig a lìbhrigeadh.

Thathar a' sùileachadh gun toir buill a' Bhùird sa chuibheasachd trì latha gach mìos air gnothach a' Bhùird agus gum fritheil iad suas ri sia coinneamhan a' Bhùird sa bhliadhna; a thuilleadh air a bhi an sàs ann an comataidhean a' Bhùird agus obair eile. Bidh buill a' Bhùird air an cur an dreuchd airson aon teirm de thrì bliadhna agus 's dòcha air an ath-shuidheachadh airson dara teirm. Bidh na dreuchdan èifeachdach bho mheadhan a' Ghearrain 2012 agus 's e an ceann-là dùnaidh airson iarrtasan 3 Samhain 2011

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tuilleadh fiosrachaидh bho: Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Corporra Bhòrd na Gàidhlig. Post-Dealain:steven@gaidhlig.org.uk Fòn-laimhe: 07557 481 081
Bòrd na Gàidhlig seeks appointment of four new Members

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



14 October 2011

Scottish Ministers are seeking to appoint up to four enthusiastic and committed individuals to the national language body, Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig is a statutory Non Departmental Public Body established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and is responsible for safeguarding the future of Gaelic in Scotland, for promoting the use and understanding of the Gaelic language and for developing and supporting Gaelic education and culture.

With a new National Gaelic Language Plan to be implemented from April 2012, the Bòrd are looking for individuals who share the ambitions of the Plan and can take Bòrd na Gàidhlig's work forward with a robust, evidenced-based approach to language planning at the heart of its activity. The Bòrd is particularly looking for people who have expertise in one or more of the following three areas: audit and finance; Gaelic education provision and/or effective approaches to minority language development and planning.

Minister for Gaelic, Dr Alasdair Allan said: "The Scottish Government has high ambitions to improve the status of Gaelic throughout Scotland and support Gaelic speaking communities. We aim to build up and improve provision for Gaelic and have given commitments to further expand the place of Gaelic in education. Bòrd members are an integral and important part of helping us realise these ambitions and I would encourage those with the necessary, interest, commitment and expertise to apply."

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Arthur Cormack, said: "The work to secure Gaelic's future is challenging but there are also many rewards with opportunities to make progress. I would encourage people to apply for a place on Bòrd na Gàidhlig and to get involved at a time when we will be embarking on the delivery of a new National Gaelic Language Plan."

Bòrd members will be expected to spend on average three days per month on Bòrd business and to attend up to six Bòrd meetings annually; in addition to Bòrd committees and other activities. The appointment of the Bòrd members will be for a three year term with the possibility of re-appointment for a second term. The appointments will take effect from mid February 2012, and the closing date for applications is 3 November 2011

For further information please contact: Steven MacIver, Communications & Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig. E-mail: steven@gaidhlig.org.uk Mob: 07557 481 081